MacMillan, Gilbert (2012) *Comas cànain oileanaich a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig gun Ghàidhlig san dachaigh.* In: Rannsachadh na Gàidhlig 7, 21-23 Aug 2012, University of Glasgow, Glasgow, UK.

Copyright © 2012 The Author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

Content must not be changed in any way or reproduced in any format or medium without the formal permission of the copyright holder(s)

When referring to this work, full bibliographic details must be given

http://eprints.gla.ac.uk/91628/

Deposited on: 24 February 2014

Enlighten – Research publications by members of the University of Glasgow
http://eprints.gla.ac.uk

Comas cànain oileanaich a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig gun Ghàidhlig san dachaigh – sgrùdadh le Gillebrìde Mac ’IlleMhaoil

’S ann aig ìre gu math tràth a tha an rannsachadh seo air comasan cànain oileanaich a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach aig nach robh Gàidhlig san dachaigh, ach tha luach ann a bhith a’ dèanamh a leithid gus am faicear mar a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a’ soirbheachadh. Aig an ìre seo ’s e ‘sgrùdadh’ gu math beag a tha seo ach tha mi an dòchas gun toir e soilleireachadh air choreigin air a’ ghnothach. Tha Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig air adhartas mòr a dhèanamh bho thòisich e ann an 1985. An uair sin, ann an dà sgoil, aon tè ann an Inbhir Nis agus tè eile ann an Glaschu, bha sgoilearan a’ tòiseachadh airson a’ chiad uair air an cuid foghlaim fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith gu math soirbheachail a thaobh àrdachadh ann an àireamhan na cloinne a tha a’ faighinn an cuid oideachaidh ann an Gàidhlig agus tha sinn air gluasad bhon dà sgoil sin gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an ceithir ùghdarsan ionadail deug , ann an trì fichead sgoil agus le còrr air dà mhìle ’s ceithir sgoilear aig ìre bun-sgoile ann an 2011. Mar sin, leis gu bheil sinn a-nis a’ teannadh air deich bliadhna fichead bhon àm a thòisich e, ma choimheadas sinn air na h-amasan aig Bòrd na Gàidhlig mar a tha iad air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig chì sinn gu bheil Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig gu bhith air leth cudromach ann an coileanadh nan amasan a tha anns a’ phlana agus aig a’ cheann thall gur e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhios ag àrdachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig anns an ùine fhada.

Seo na tha anns a’ phlana nàiseanta as ùire airson nam bliadhnachan bho dhà mhìle ’s a dhà dheug gu dà mhìle ’s a seachd deug ag ràdh.

Tha e na bhuil “àrdachadh (a thoirt) gach bliadhna san àireamh a tha a’ dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a’ dùblachadh na h-àireimh bhliadhnail a tha a’ tòiseachadh an-dràsta gu 800 ann an 2017.” Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2012 – 2017.

Tha sin fhèin a’ dearbhadh dhuinn cho cudromach ’s thathar agus a bhithear a’ meas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar dhòigh air àrdachadh a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig. Ach le barrachd agus barrachd aig nach eil Gàidhlig san dachaigh a’ cur an cuid chloinne gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig feumar coimhead air na comasan cànain aig na sgoilearan an dèidh an cuid foghlaim sgoile fhaighinn agus gu dearbh na dòighean air an cuid Gàidhlig a thoirt air adhart. Tha mi a’ smaointinn gum feum sinn aideachadh gu bheil Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd eadhon ann an àiteachan far an do chleachd i a bhith air a’ toirt anns an dachaigh agus anns a’ choimhearsnachd bho ghinealach gu ginealach an ìre mhath air a dhol à bith. Tha fhios agam gu bheil sin air tachairt gu ìre mhòr anns an eilean dom buin mi fhìn, Uibhist a Deas, ach tha an rannsachadh a rinn an t-Ollamh Gillian Rothach agus Tim an seo air sgìre Shiaboist ann an Leòdhas a’ dearbhadh sin cuideachd. Mar sin, leis gu bheil àireamhan sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus lùghdachadh anns an ìre de Ghàidhlig a chluinnear anns an dachaigh agus ’s a

choimhearsnachd tha coltach gum bi barrachd agus barrachd de sgoilearan a' faighinn an cuid Gàidhlig anns an sgoil a-mhàin. Tha sin a' togail cheistean mu fhileantachd agus comas cànain nan sgoilearan an dèidh dhaibh foghlam sgoile fhàgail.

'S ann bhon t-sealladh air an cuid comasan cànain a tha mise a' tighinn chun a' chuspair seo. Leis gu bheil mi fhìn ag obair ann an Oilthigh Ghlaschu mar neach-cuideachaidh cànain agus leis gu bheil deannan math dhe na h-oileanaich a tha sinn air a bhith a' faighinn air a bhith ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig 's gun Ghàidhlig aca san dachaigh – gu dearbh mar fhiosrachadh, an-uiridh cha tàinig oileanach sam bith gus Gàidhlig a dhèanamh ann an oilthigh Ghlaschu bho dhachaigh anns an robh Gàidhlig air a bruidhinn.

Nis ged a tha mise a' rannsachadh comasan cànain oileanaich a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha mi a' smaointinn gu bheil e cudromach a ràdh nach eil mi idir a' cur sìos ann an dòigh sam bith air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gu dearbh tha mi fhìn dhen bheachd gur e seo an dòigh air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig a neartachadh anns an ùine fhada – gu bheil sinn ann an dòigh an urra ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ach le bhith ag ràdh sin tha ceistean mu fhileantachd na cloinne nuair a dh'fhàgas iad an sgoil agus mura bheil iad cho fileanta 's mhiannaicheamaid, dè na dòighean anns an urrainnear leasachadh a thoirt air an cuid sgilean?

Tha sin gam thoirt chun an sgrùdaidh a rinn mi fhìn agus mar a thuirt mi, aig an ìre seo, 's e sgrùdadh aig ìre gu math beag a th' ann.

Anns an sgrùdadh a rinn mi air còrr air leth-cheud pìos sgrìobhaidh – sgrìobhaidhean a rinn oileanaich, leithid eadar-theangachaidhean, aistean aithriseach, aistean beachd agus aistean ann an cruth aithris-naidheachd- a chaidh a dhèanamh le oileanaich a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach aig nach eil Gàidhlig san dachaigh. Mar a shaoileadh tu bha farsaingeachd mhearachdan ann agus eadar-dhealachaidhean gu math mòr a' nochdadh bho dhuine gu duine ach tha mi air na mearachdan a bu bhitheanta a chruinneachadh còmhla ann am buidhnean:

Mearachdan le Ainmearan

Mearachdan le gnìomhairean

Mearachdan le roimhearan

Mearachdan le buadhairean

Agus

Mearachdan ann am bun-structaran eile structaran

Anns a' phàipear seo, chan eil mi ach a' dol a choimhead air eisimpleirean dhe na mearachdan a nochd leis na h-ainmearan agus leis na gnìomhairean. Chan eil mi a' dol a thaisbeanadh mòran dhe

na mearachdan idir ach le bhith a' sealltainn dhà no trì eisimpleirean dhuibh tha mi an dòchas gum faigh sibh blasad co-dhiù dhe na mearachdan air a bheil mi a-mach.

An toiseach coimheadaidh mi air na mearachdan a nochd a thaobh nan ainmearan. Seo agaibh eisimpleirean de chuid dhe na mearachdan:

...agus tha ceannardan an saoghail air freagairt..."

"...a' cumail taic ris an gnìomh fo stiùireadh na dùthchannan sin"

"...ach fhreagair Ceann-suidhe na Fhraing"

"Tha mi a' cur an ceist...."

"Dh'fhàs an t-sluagh mòr..."

Mar a chithear tha mearachdan an sin a thaobh gnè an ainmeir – a bheil an t-ainmear fireann no boireann – agus cuideachd mearachd mu bhith a' cleachdadh cùis cheart an ainmeir –ainmneach, tabhartach no ginideach. Tillidh mi gu bhith a' coimhead air na mearachdan leis na h-ainmearan air a' mhionaid ach ma choimheadas sinn air eisimpleirean dhe na mearachdan an cois nan gnìomhairean chì sinn gu bheil a bhith a' cleachdadh a' chruth cheàrr dhen ghnìomh-ainmeir gu sònraichte na dhuilgheadas, Seo agaibh cuid dhe na mearachdan a chaidh a sgrìobhadh:

"Anns an Lunasdal 2010, chaidh a' chiad sreath de phrògraman a' sealltainn air BBC1"

"Fhuair Benedict am pàirt a' chluich Sherlock..."

"...'s iad uile ag iarraidh a' crìochnachadh ron duine as luaithe san t-saoghal"

"Tha sinn a' leigeil leotha a' caill a-mach à sgoil.."

Tha mearachdan eile le cruth a' ghnìomhair a' nochdadh cuideachd leithid na mearachd seo

"Seo gearasdain Inbhir Losaidh far a dh'fhàg.."

Nis tha mi a' smaointinn gu bheil sin gu leòr leis gu bheil e a' toirt dhuibh blasad air na mearachdan a bhios mi a' faicinn co-cheangailte ri cruthan dhen ghnìomhair.

Bidh mearachdan eile ann cuideachd – feadhainn dhiubh nam mearachdan nas bunaidiche a thaobh structar na feadhainn eile – mearachdan le **tha** is **'s e,** mar eisimpleir – ach leis an ùine a th' agam an-diugh tha mi cuideachd airson coimhead air dè dh'fhaodar a dhèanamh gus co-dhiù feuchainn air na mearachdan seo a cheartachadh. Bu chòir dhomh a ràdh cuideachd gun robh na h-oileanaich a' dèanamh iomadach rud a bha ceart cuideachd! Ach, co-dhiù a thaobh nam mearachdan a thaobh nan ainmearan bha mi air mo tharraing gu aiste a sgrìobh an t-Ollamh Meg Bateman air cruthan nan

ainmearan (ged a bha iomraidhean air iomadach rud eile cuideachd aca) agus anns an robh i a' togail air obair a chaidh a dhèanamh leis an Ollamh Dòmhnall MacAmhlaigh. Tha Bateman a' togail agus a' leudachadh air na bha MacAmhlaigh a' sgrìobhadh mu na cruthan ùra a bha e dhen bheachd a bhiodh a' tighinn air a' Ghàidhlig. Mar a thuirt Bateman anns an aiste aice 'Gàidhlig ùr':

"..bha MacAmhlaigh an dùil gun rachadh an siostam a shìmpleachadh bho thrì chruthan (ainmneach, tabhartach, ginideach) gu dà chruth (ainmeach agus neò-dhìreach)"

Tha i an uairsin a' leudachadh air a sin agus a' mìneachadh mar a tha aon-chruth am measg òigridh agus luchd-ionnsachaidh mu thràth:

Tha i a' toirt nan eisimpleirean a leanas:

"a' cluich am piana, air feadh an saoghal, leis a' ghrian".

Tha an t-Ollamh Bateman a' toirt iomadach eisimpleir eile cuideachd agus chan eil na tha mi air a ràdh an siud ach blasad dhe na h-eisimpleirean a tha aice. Feumaidh mi fhìn aideachadh gu bheil mi fhèin ag aithneachadh nan cruthan a tha ise a' mìneachadh – no co-dhiù feadhainn a tha coltach riutha agus tha mi cinnteach gun cluinn sibh feadhainn dhiubh san latha an-diugh air an rèidio, air an telebhisean ann an sgoiltean agus gu dearbh oilthighean.

Nis ged a dh'aithnicheas mise na cruthan sin air a bheil an t-Ollamh Bateman a' toirt iomradh tha mise dhen bheachd gu bheil cothrom ann fhathast a bhith a' teagasg nan trì cruthan agus bhon a tha mise air a bhith a' dèanamh sin feumaidh mi a ràdh gu bheil e air a bhith na mhisneachd dhomh fhìn gu bheil na h-oileanaich air a bhith air an tarraing a-steach gu pàtrain nan cruthan agus a' ghràmair. Le bhith a' mìneachadh nan cruthan, a' mìneachadh cuin a bu chòir a bhith a' cleachdadh nan cruthan fa-leth agus dè na h-atharrachaidhean a tha ann bho chùis gu chùis tha mi air faicinn gu bheil na h-oileanaich air a bhith air an tarraing chun a' ghràmair agus gu bheil iad air barrachd ùidh a ghabhail ann agus gu bheil tuigse aca co-dhiù air carson a tha rudan a' tachairt anns a' chànain.

A thaobh nam mearachdan leis a' ghnìomh-ainmear cha mhòr nach eil sinn a' dol gu suidheachadh far a bheil an gnìomh-ainmear buan air a chleachdadh anns a' chuid as motha de shuidheachaidhean:

m.e. Feumaidh mi a' falbh

Feumaidh mi ag ithe a-nis

Tha mi an dòchas a' faicinn Calum.

Bidh sinn uile a' tuigsinn dè thathar a' feuchainn ri ràdh leis na tha sin agus 's dòcha gur ann air an t-slighe sin a tha Gàidhlig a' dol. Co-cheangailte ris na tha sin tha an t-eòlaiche cànain Yaron Matras a' toirt fiosrachadh gu math inntinneach anns an leabhar aige air a bheil an t-ainm 'Language contact'.

Tha Matras ag ràdh na leanas, - agus feumaidh mi aideachadh gur e mi fhìn a rinn an t-eadar-theangachadh, agus mar sin tha mi an dòchas nach bi e làn mhearachdan:

"'S e bhios a' tachairt gu tric le feadhainn a tha ag ionnsachadh ach gum bi e a' failleachadh orra làn fhileantas fhaighinn anns a' chànain a tha iad ag ionnsachadh. Ach, aig a' cheart àm, thèid aca air conaltradh èifeachdach agus coileanta a dhèanamh anns a' chànain sin. Tha na feartan cànain sin stèidhte a dhaindeoin aois no dè cho tric 's a bhithear gan ceartachadh gus am bi na mearachdan air an gabhail a-steach dhan chànain a thathar ag ionnsachadh."

Matras, 2009

Tha mise ag aithneachadh an t-suidheachaidh sin cuideachd, agus mu dh'fhaodte gu bheil sinn uile an seo ag aithneachadh sin cuideachd – gu bheil mearachdan sònraichte air an stèidheachadh agus cha mhòr nach eil e do-dhèante an cur às. A dhaindeoin sin, tha mise dhen bheachd gu bheil e mar fhiathachaibh ormsa mar neach-teagaisg cànain a bhith a' cumail cho dlùth 's as urrainn dhomh ri riaghailtean gràmair aithnichte eadhon ged nach biodh mo chuid oileanaich gan cleachdadh gu nàdarra. Tha mise air a bhith air mo mhisneachadh gu bheil na h-oileanaich a tha air a bhith agam gu ruige seo agus a chaidh tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach gun Ghàidhlig san dachaigh air a bhith air an tarraing chun a' ghràmair agus gu bheil miann aca fhèin adhartas a dhèanamh. Ach, ann an dòigh, tha sin math gu leòr aig ìre gu math beag – ach tha e a' togail na ceist, dè thachras dhan h-uile sgoilear eile a dh'fhàgas foghlaim sgoile le mearachdan stèidhte agus anns na bliadhnachan a tha romhainn ciamar a gheibh sinn air na ceudan de sgoilearan a h-uile bliadhna a thig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a tharraing chun a' ghràmair agus gus am faigh iad tuigse air a' ghràmar mus bi iad air an sgoil fhàgail agus gu dearbh an gabh e dèanamh idir? Tha e follaiseach gu bheil e gu bhith nas cudromaiche buileach le àireamhan nas motha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dè an seòrsa sgilean-cànain a bhios sgoilearan air a ruigshinn ro dheireadh an cuid foghlaim sgoile. A bheil sinn deònach gabhail ri comas tuigse no comas conaltraidh air choireigin no a bheil sinn ag iarraidh gum blas na Gàidhlig fhathast air a' ghràmar. Tha fhiosam dè bhithinn fhìn a' miannachadh ach tha làn fhios agam cuideachd dè an taobh a tha an srùth cànain a' dol an-dràsta.

Leughadh

Bateman, M., (2010) 'Gàidhlig Ùr' in Gaelic Communities Today, Dunedin Academic Press, ISBN 9781903765852

Matras, Y., (2009) Language Contact, Cambridge University Press

Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig, 2012 – 2017, Bòrd na Gàidhlig (2012)

Rothach, G. and Armstrong, T., (2011) Cor na Gàidhlig ann an Siabost, Bòrd na Gàidhlig,